

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--

N5

National
Qualifications
2021 ASSESSMENT RESOURCE

Comharra



X832/75/01

Gàidhlig
Leughadh
Gàidhlig Reading

Nàiseanta 5

Uine — 1 uair agus 40 mionaid



* X 8 3 2 7 5 0 1 *

Lòn na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-iosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an
t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

--	--

--	--

--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns an leabhran.

Tha àite a bharrachd airson freagairtean aig deireadh an leabhrain seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc gorm no dubh.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas ann an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

SQA[®]



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 1 *

Tha an earrann a leanas a' bruidhinn air deoch theth chumanta . . .

Cofaidh

Dè a' chiad rud a bhios tu fhèin ag ithe no ag òl gach madainn? Tha mòran dhaoine a' moladh gun tagh thu rud a bhiathas do chorp mar lite no measan. Bheir iad seo neart dhut airson an latha a tha romhad agus sàsaichidh iad do chàil. Tha iomadh neach an-diugh ag ràdh gum feum iad cupa cofaidh airson an dùsgadh ge-tà agus 's e cofaidh a-nis an rud as trice a dh'iarras duine a' chiad char sa mhadainn.

Tha iomadh ceist a' nochdadhs anns na meadhanan agus deasbad am measg eòlaichean slàinte a thaobh cho fallain 's a tha cofaidh. 'S e an *caffeine* a tha ann a tha a' fàgail ceist sa ghnothach. Nise cha tèid duine às àicheadh gum feum daoine a bhith faiceallach le *caffeine*: 's e droga a th' ann a tha a' toirt air do chridhe a bhith a' gluasad nas luaithe. Tha sin a' fàgail dhaoine luaisgeanach agus glè thric chan fhaigh iad cadal ceart air an oidhche. Ach an dèidh sgrùdadh a dhèanamh air diofar rannsachaidhean, tha e coltach nach e rud uile gu lèir dona a th' ann an cofaidh. Gu dearbha 's ann a tha barrachd bhuannachdan ann do na daoine a bhios ga òl na tha ann de eas-bhuannachdan. Tha e a' toirt spreigeadh agus beothachadh dhan chorp agus le sin tha e coltach gum bi daoine nas misneachaile gus eacarsaich a dhèanamh an dèidh cofaidh òl. Tha dearbhadh air nochdadhs gu bheil cofaidh a' lughdachadh a' chunnairt bho dhiofar thinneasan, leithid seargadh-inntinn, aillse grùthain agus fiù 's tinneas an t-siùcair. 'S dòcha gum bu chòir dhuinn an oidhirp a dhèanamh gus barrachd cofaidh òl gach latha ma-thà!

Cò às a thàinig cofaidh sa chiad àite? 'S ann a tha e air a dhèanamh à pònairean on lus cafea. 'S ann an Afraga a lorgadh an lus seo bho thùs, cho fada air ais ris a' chòigeamh linn deug. An-diugh, tha an lus air fhàs ann an iomadh dùthaich freagarrach, a' mhòr-chuid dhiubh ann an Ameireaga a Deas, nam measg an dùthaich a tha a' fàs barrachd dheth na dùthaich eile san latha a th' ann, Brasail. Gu dearbha, tha an tritheamh pàirt de chofaidh an t-saoghail air fad an-diugh air fhàs an sin.

Fichead bliadhna air ais, bha beagan a bharrachd air còig mìle cafaidh ann am Breatainn far an gabhadh cupa cofaidh a cheannach. An-diugh, tha ceithir uiread sin ann, le còrr is dà mhìle air fhichead. 'S cinnteach gu bheil na milleanan de notaichean ri dhèanamh anns a' ghniomhachas sin. Bhiodh e fada na bu chiallaiche agus na b' fheàrr dhan sporan nan seachnadh sinn na cafaidhean sin agus nan òladh sinn cofaidh nar dachaighean fhìn. Air an làimh eile, tha na cafaidhean seo a' taigse cofaidh caran eadar-dhealaichte ris na bhios sinn a' dèanamh nar dachaighean. Uaireannan, tha siorapan air an cur riutha gus blasan sònraichte a thoirt orra, mar eisimpleir blas tofaidh no seòclaid. A bharrachd air sin, gheibh thu cofaidh reòite le uachdar ma thogras tu. A thaobh slàinte ge-tà, bidh iad sin gan dèanamh nas mìlse agus nas miosa dhuinn. Is beag an t-iongnadh gu bheil meudachadh air tighinn air an àireamh de chafaidhean leis na tha air a reic annta!

Mar Albannaich, nach bu chòir dhuinn a bhith nas dìlse ris an deoch eile sin, tì? Tha i nas saoire, tha nas lugha de chaffeine innte, tha i fada nas phasa ri dèanamh na cuid de chofaidhean, a dh'fheumas innealan spaideil agus pònairean sònraichte. Cuideachd, tha tì air a bhith anns an dùthaich seo bho linn nan con. Ach le sianar às gach deichnear ag ràdh gur e cofaidh as fheàrr leotha na tì an-diugh, 's dòcha gum feum sinn gabhail ris gu bheil sinn beò ann an linn a' chofaidh.

Anns an dealachadh, ge bith dè thaghlas tu ri òl, feuch an lean thu ris na stiùridhean a tha a' nochdadhs mu iomadh seòrsa biadh is deoch gach latha. Na gabh tuilleadh 's a' chòir de rud sam bith!



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 2 *

Ceistean

1. (a) Dè tha mòran dhaoine a' moladh gun gabh duine aig àm bracaist?

2

- (b) Carson a bu chòir dhuinn sin a ghabhail?

2

2. (a) Thoir geàrr-chunntas air a' bhuaidh a th' aig caffeine air daoine.

3

- (b) Carson nach e droch rud a th' ann gu bheil cofaidh a' toirt spionnadhan don chorp?

1



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 3 *

- (c) Thathar ag ràdh gu bheil cofaidh gar dòn an aghaidh trioblaidean slàinte. Ainmich dhà dhiubh.

2

3. Inns trì rudan sònraichte mu eachdraidh chofaidh.

3

4. Carson a tha Brasail dha-rìribh cudromach ann an gnìomhachas a' chofaidh?

2



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 4 *

5. Coimhead air paragraf 4.

- (a) Ciamar a tha an àireamh de chafaidean ann am Breatainn air atharrachadh thar nam bliadhnaichean?

2

- (b) Carson a tha an earrainn a' moladh gum bu chòir dhuinn ar cofaigh fhìn òl?

2

- (c) Dè tha diofraichte mun chofaidh a ghabhas ceannach anns na cafaidean?

2

6. Coimhead air paragraf 5.

- (a) Dè tha a' fàgail cofaidh nas duilge ri dhèanamh na tì a rèir na h-earrainne?

2



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 5 *

- (b) Ciamar a tha an earrann a' moladh gu bheil ceangal nas làidir againn ri tì na ri cofaidh?

- (c) Ciamar a tha an earrann a' toirt far comhair gu bheil miann na dùthcha air atharrachadh a thaobh tì agus cofaidh?

7. (a) Dè tha air a mholadh dhuinn aig deireadh na h-earrainne?

2

- (b) Saoil carson a tha seo air a mholadh?

2

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 6 *

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 7 *

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 8 *

duilleag 08

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



* X 8 3 2 7 5 0 1 0 9 *

duilleag 09

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO



* X 8 3 2 7 5 0 1 1 0 *

duilleag 10

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO



* X 8 3 2 7 5 0 1 1 1 *

duilleag 11

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO



* X 8 3 2 7 5 0 1 1 2 *

duilleag 12